

# Ceiteag agus fuamhaire a' choimpiutair



Miriam Moss • Peet Ellison

# Ceiteag agus fuamhaire a' choimpiutair




An teacsá Miriam Moss  
Na dealbhan Peet Ellison  
A' Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

STÒRLANN • ACAIR

Latha bha siud bha Ceiteag anns  
a' chlasrum ag obair air a' choimpiutar.  
Bha i a' dèanamh an-àirde stòraidh mu  
fhuamhaire acrach. Bhual an t-acras  
Ceiteag fhèin cuideachd. "B' fheàrr leam  
gun robh àm dinneir ann," thuirt i.



2




An sin chaith an sgrion dearg, gorm,  
an uair sin uaine, agus nochd  
aodann beag.

"Halò, a Cheiteag," thuirt e. "Is mise Blip.  
Ma tha an t-acras ort tha biadh gu leòr  
an seo. Dùin do shùilean agus tugainn  
còmhla riumsa."

Dhùin Ceiteag a sùilean.

3



“Càite fon ghrèin a bheil mi?” arsa Ceiteag nuair a dh’fhosgail i a sùilean.


“Tha thu am broinn a’ choimpiutair,” fhreagair Blip.

Bha Ceiteag a’ faicinn mòran fhaclan.

“Seall, siud stòraidh a rinn mi mun fhuamhaire acrach!” thuirt i.


An dèidh sin thuirt Blip, “Ma tha an t-acras ort feumaidh sinn coimhead air a’ chlàr.”

Phut e am putan, *Biadh*.



Sa mhionaid bha doras fosgailte an sin agus chaidh Ceiteag agus Blip a-steach. Bha iad ann an rum mòr.


“Tha mi an dòchas nach tig am fuamhaire acrach agadsa,” arsa Blip.




San rum mhòr sin bha bòrd fada  
le biadh de gach seòrsa.  
Bha slaman-milis, cèicean, criospan  
agus bobhlaichean mòra uachdar-  
reòthte ann.  
“Nach sgoinneil sin!” arsa Ceiteag.


Crais! Brag! Chuala iad fuaim eagalach  
agus dh’èigh cuideigin, “Cò tha ag ithe  
mo bhiadh-sa?”

“O, mo chreach-sa!” arsa Blip. “Nach  
seall thu am fuamhaire acrach agad!  
Feumaidh sinn falach fon bhòrd no  
ithidh e sinn.”





Thàinig cròg mhòr a-steach fon bhòrd.



“Sin sibh! Tha sibh agam!” ars am  
fuamhaire, agus shad e Ceiteag agus  
Blip a-steach do tholl mòr dorch.  
Sìos, sìos, sìos, thuit iad.



“O, nach eil seo grod,” dh’èigh Ceiteag.

“Tha sinn ann am poit-bìdh  
an fhuamhaire. Ciamar idir a gheibh  
sinn a-mach às a seo?”

“Feumaidh sinn sreap suas air na  
curranan àrda ud,” arsa Blip.




Shreap Ceiteag agus Blip air ais, suas gu beul na poite. Dìreach an uair sin bha BRAG agus CRAIS eagalach ann.

“Greas ort!” dh’èigh Ceiteag. “S e am fuamhaire a tha ann. Glacaidh e sinn.”

“Slaighdidih sinn sìos làmh na poite,” thuirt Blip. “Lean mise.”

Shlaighd Ceiteag  
agus Blip sìos làmh  
na poite cho luath  
’s a b’ urrainn dhaibh.



“Greas ort,” arsa Ceiteag.  
“Greas ort mus glac am fuamhaire sinn.”  
“Feumaidh sinn ruith thairis air  
a’ mheur-chlàr,” arsa Blip.  
Siud Ceiteag agus Blip a’ teicheadh  
agus a’ bocadaich o phutan gu putan.





An uair sin cha robh sgeul air an fhuamhaire.  
“Càit an deach e?” dh’fhaighnich Ceiteag.  
“S dòcha gun do sheas e air putan *Dubh-às*,”  
arsa Blip.  
“Feumaidh gun do dhubh e e fhèin às.”



Choimhead Ceiteag sìos air a’ mheur-chlàr.  
“Nis, ma leumas sinn air putan *Till*,  
’s dòcha gu faigh sinn air tilleadh air ais  
gu far an do thòisich sinn,” thuirt i.  
Agus leum Ceiteag agus Blip air putan *Till*.


FLAIS!

Bha iad air ais aig stòraidh Ceiteag.

“Uipi,” arsa Ceiteag.

“Fhuair sin air falbh on fhuamhaire.

Ach a-nis tha mi gu tolladh leis an acras.”



14



Sa mhionaid sin thionndaidh a h-uile  
rud dearg, gorm agus an uair sin uaine.  
Ann am mionaid bha Ceiteag air ais  
sa chlasrum agus i a' cluinntinn  
clag àm dìnnear.  
Thàinig tidsear Ceiteag, a' Bh.ph.  
Mhoireastan, a-nall chun a' choimpiutair.

15



“Cò mu dheidhinn a bha do stòraidh,  
a Cheiteag?” dh’fhaighnich an tidsear.  
“Bha i mu fhuamhaire acrach a bha a’ dol  
gam ithe,” thuirt Ceiteag. “Ach theich mi  
air!”  
Ach an uair sin, nuair a bha Ceiteag  
a’ dol a chur dheth a’ choimpiutair,  
bha BRAG agus CRAIS eile ann ...

Poillsichearan Foghlaim Heinemann  
Halley Court, Jordan Hill, Oxford OX2 8EJ  
earrann de Fhoghla agus Foillseachadh Proifeiseanta Reed Earr.

OXFORD FLORENCE PRAGUE MADRID ATHENS  
MELBOURNE AUCKLAND KUALA LUMPUR SINGAPORE TOKYO  
IBADAN NAIROBI KAMPALA JOHANNESBURG GABORONE  
PORTSMOUTH NH (USA) CHICAGO MEXICO CITY SAO PAULO

© Miriam Moss 1997

A’ chìad fhoillseachadh 1997  
A’ chìad fhoillseachadh sa Ghàidhlig 2004

A’ Ghàidhlig Anna NicDhòmhnaill

2005, 2004  
10 9 8 7

© na Gàidhlig Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig às leth nan Ùghdarrasan a tha riochdaichte  
air MRG. Na còraichean uile glèidhete. Chan fhaodar pàirt sam bith dhen leabhar seo  
ath-riochdachadh an cruth sam bith no an dòigh sam bith gun chead ro-làimh bho  
Stòrlann Nàiseanta na Gàidhlig/Acair.

Data Catalogadh ann am Foillseachadh an Leabharlann Bhreatann  
Gheibhearr clàr-catalogaidh airson an leabhair seo bho Leabharlann Bhreatann.

Tha Miriam Moss a’ dleasadh còir mhoralta airson a bhith air a comharrachadh  
mar ùghdar na h-obrach seo.

Clò-bhuailte le Scotprint, Haddington.

LAGE/ISBN 0 86152 648 1